

A' Bhana-phrionnsa agus am Peasair



Air ath-innse le Margaret Nash
Na dealbhan Liz Catchpole
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR



Uair bha siud bha prionnsa a' coimhead
airson bana-phrionnsa airson a pòsadh.

“Càite an lorg mi bana-phrionnsa?”
thuirt am prionnsa.

“Feumaidh tu falbh gus an lorg thu tè,”
thuirt an rìgh agus a' bhànrìgh.



Dh'fhalbh am prionnsa air cuairt.
Choimhead e anns a h-uile pàirt dhen
rìoghachd.
Ach cha do rinn sin feum sam bith.
Chan fhaca e bana-phrionnsa a chòrd ris.



Aon latha thàinig stoirm mhòr.

Suis! rinn an dealanaich.

Bùm! rinn an tàirneanaich.

Suis! Bùm! Suis! Bùm!

Shèid a' ghaoth agus steall an t-uisge a-nuas.



Chuala iad cuideigin aig doras a' chaisteil.
"Cò tha siud?" dh'fhaighnich am prionnsa.
Thàinig an rìgh agus choimhead e.
An sin bha nighean - bog, fliuch.



“Cò thu?” dh’fhaighnich an rìgh.

“Is mise bana-phrionnsa,” thuirt an nighean.

“Chan eil thu coltach ri tè,” thuirt an rìgh.

“Ach chì sinn.” Thug an rìgh a-steach i.



“Cò thu?” dh’fhaighnich a’ bhànrigh.

“Is mise bana-phrionnsa,” thuir an nighean.

“Chan eil thu coltach ri tè,” thuir a’ bhànrigh.

“Ach gheibh sinn a-mach.”



“Am faod mi cadal nur caisteal?”

dh’fhaighnich an nighean.

“Faodaidh gu dearbh,” thuirt a’ bhànrigh.

“Nì mi leabaidh dhut an-dràsta.”



Chuir a' bhànrigh leabaidh air dòigh.

“Gheibh mise mach an e bana-phrionnsa a th' innte,” ars a' bhànrigh.


“Cuiridh mi am peasair seo dhan leabaidh aice.”

Chuir a' bhànrigh gràinean peasair
air an leabaidh.

An uair sin chuir i babhstair air
muin a' pheasair.



Às dèidh sin
chuir i babhstair
air muin babhstair
air muin babhstair
agus cuibhrig
air muin cuibhrig
air muin cuibhrig.



“Nis gheibh sinn a-mach an e bana-phrionnsa
a th’ innte,” thuirt a’ bhànrigh.



“Tha do leabaidh deiseil,” ars a’ bhànrigh
ris a’ bhana-phrionnsa.

“Faodaidh tu dhol a chadal.”
Chuir an rìgh às na coinnlean
agus chaidh iad uile a chadal.



Ach cha b' urrainn dhan bhana-phrionnsa cadal.
Chaidh i air a druim.



Chaidh i air a beul foipe.



Dh'fheuch i ri cadal air a cliathaich.
Ach cha b' urrainn dhi cadal.



Nuair a dh'èirich iad uile thuirte a' bhànrigh,
“An do chaidil thu gu math?”

“Cha do chaidil mi idir,”
thuirte a' bhana-phrionnsa.

“Cha robh an leabaidh ro mhath. Bha cnap
mòr innte.”



Bha a' bhànrigh uabhasach toilichte.

“S e bana-phrionnsa a tha annad gu dearbh,” thuirt i.

“Cha chaidleadh bana-phrionnsa sam bith le peasair san leabaidh aice.”



Mar sin fhuair am prionnsa a bhana-phrionnsa.
Taing dhan pheasair!
Chuir iad am peasair ann an cèis ghloinne
gus am faiceadh gach neach e.